



## Tìotal: Dèan gu math e

### Pàirt 2: Ciamar agus carson a bu chòir dàimh a chrìochnachadh

Ìre: ÀRD

Ceanglan CfE

A thaobh a’ Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ìre seo a’ leudachadh agus a’ cur ris na chaidh ionnsachadh aig a’ Cheathramh Ìre.

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha mi a’ tuigsinn cho cudromach ’s a tha e a bhith a’ faighinn spèis agus a’ toirt spèis do dhaoine tro dhàimhean, agus ’s urrainn dhomh innse carson. HWB 4-44a</li> <li>• Tha mi a’ tuigsinn, agus ’s urrainn dhomh mìneachadh, cho cudromach agus feumail ’s a tha dìlseachd, earbsa agus spèis ann an dàimhean gaolach agus gnèitheasach. Tha mi a’ tuigsinn nan diofar cho-theacsan co-cheangailte ri dàimhean mar sin, nam measg pòsadh. HWB 4-44c</li> <li>• Tha mi a’ tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</li> <li>• Tha mi a’ faighinn sgilean airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu dhàimhean agus dol-a-mach ghnèitheasach. ’S urrainn dhomh iad sin a chur gu feum ann an suidheachaidhean dùbhlach no doirbh. HWB 4-46c</li> <li>• Tha mi a’ beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo chodhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A’ daingneachadh carson a tha dìlseachd, earbsa agus spèis aig meadhan cùraim dhutsa agus do dhaoine eile.</li> <li>• Mìneachadh cudromachd aonta air luachan is amasan ann an cumail suas dhàimhean gaol agus feiseil, mar eisimpleir, spèis do chàch a chèile, aonta mu fheise.</li> <li>• A’ dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.</li> <li>• A’ sealltainn nan sgilean a dh’fheumar airson suidheachaidhean dùbhlach ann an dàimhean a làimhseachadh, a’ gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, co-rèiteachadh, co-fhaireachdainn, ruighinn cho-dhùnaidhean.</li> </ul>

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gum meòraich daoine òga na tha a’ dèanamh deagh dhàimh, agus dè na h-eòlasan ann an dàimh a dh’fhaodadh dragh a chur orra no a bheireadh orra dàimh a thoirt gu crìch.
- Gun rannsaich daoine òga nas urrainn buaidh a thoirt air roghainnean mu bhith a’ dèanamh dàimh feiseil, agus ma thachras sin, cò ris a dh’fhaodadh dàimh feiseil a bhith coltach.
- Gum meòraich daoine òga air co-dhiù a tha iad deiseil airson dàimh feiseil, agus gam brosnachadh gus dàil a chur air feise gus am bi iad deiseil.
- Gum beachdaich daoine òga air ‘còraichean dàimh’.

#### Slatan-tomhais

- ’S urrainn dhomh innse na bhiodh deagh dhàimh a’ ciallachadh dhòmhsa.

- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mu na dàimhean pearsanta agam, a' gabhail a-steach dàimhean feiseil.

#### **Goireasan-taic**

- Slaighdean PowerPoint
- PROP: 8 comharran gum bu choir dàimh a chrìochnachadh
- PROP: Solais trafaig/Suidheachaidhean dàimh
- BILEAG: The Relationship Spectrum

## Obair

1. Ruith thairis air na seiseanan a bh' agaibh thuige seo a bha a' coimhead air na tha na phàirt de dheagh dhàimh, na tha a' dèanamh dàimh ioma-fhillte, agus bruidhinn air còraichean dàimh. Mar phroimt, seall an slaighd air **Còraichean dàimh** (Cùm copaidhean a bharrachd dhen bhileig airson an toirt seachad).
2. **8 comharran gu bheil an t-àm ann dàimh a thoirt gu crìoch.** Tòisich le bhith ag ràdh nach eil e furasta dàimh a thoirt gu crìoch, ach gum faod e bhith gu bheil comharran ann gu bheil an t-am agad sin a dhèanamh. Tòisich an gnìomh do dhithis/buidhnean beaga: Cuir an ìre gu bheil sibh a' cruthachadh colbh comhairle do dhaoin' òg dhen aois agaibhse. Cleachd am prop gus smaoineachadh air suas ri ochd comharran a dh'innseas do neach gu bheil an t-àm aca dàimh a thoirt gu crìoch agus gluasad air adhart. Às dèidh greis, faigh fios-air-ais, iarr soilleireachadh, dèan sgrùdadh air diofar bheachdan.
3. **Solais trafaig/Suidheachaidhean dàimh.** Tha an gnìomh seo ag iarraidh air daoine' òga beachdachadh air suidheachaidhean iomadh-fhillte a dh'fhaodadh iad fhèin no an co-aoisean a bhith ann. Dh'fhaodadh seo a bhith air a mhìneachadh mar a leanas: Air gach cairt tha earrann mu dhàimh sam faodadh caraid a bhith. Feumaidh sibh co-dhùnadh (cuir a-steach prop an t-solais trafaig) a bheil an suidheachadh san dàimh aca math/ceart gu leòr (uaine) no dona/ceàrr (dearg) no a bheil thu mì-chinnteach (buidhe)? Obraichibh anns na buidhnean beag bheag agaibh, bruidhnibh agus feuchibh ri aonta a ruighinn mu gach suidheachadh, ach mura h-eil sibh ag aontachadh, cuiribh a' chairt gu son taobh agus tillibh air ais thuice mar chlas/buidheann. Às dèidh beagan ùine, iarr fios-air-ais, broснаich deasbad agus rannsaich diofar bheachdan.
4. Priont agus sgaoil a' bhileag **The Relationship Spectrum**. Inns gu bheil seo a' dèiligeadh ri cuid de na rudan a tha na daoine' òga air bruidhinn air mar-thà; cleachd còmhradh gus daingneachadh gu bheil cudromach mar dhaoine' òga stad agus smaoineachadh (agus bruidhinn ri daoine' eile) agus a bhith a' cur earbsa nad fhaireachdainnean nuair nach eil rudan a' faireachdainn ceart. Faighnich dha na daoine' òga: *Dè na seòrsaichean fhaireachdainnean a bhios agad nuair a tha thu a' smaoineachadh nach eil rud ceart?* Iarr ceistean no beachdan, dèan cinnteach à tuigse mu fhiosrachadh a' phostair (Dè tha iad a' ciallachadh le ...?) Brosnaich ceistean agus bruidhinn mu phuingean sam bith.
5. Mìnich gum faod mòran de na rudan a chaidh a thogail an-diugh a bhith air am meas mar dhroch-dhìol san dachaigh no fòirneart air sgàth gnè. Tha na slaighdean a leanas ga mhìneachadh sin. Seall na slaighdean agus broснаich còmhradh: **Dè th' ann an droch-dhìol san dachaigh?** Agus **Dè th' ann an fòirneart air sgàth gnè?** (Thoir an aire gur dòcha gun do rinn cuid den luchd-ionnsachaidh seo ann am barrachd doimhneachd air an Treas/a' Cheathramh Ìre sna leasannan 'Droch-dhìol agus daimhean')
6. Thèid air-loidhne gu duilleag Childline air droch-dhìol san dachaigh agus thèid thairis air na th' ann, dèan cinnteach gu bheil an clas/a' bhuidheann a' tuigsinn gu bheil Childline ann do dhaoine dhen aois acasan: <https://www.childline.org.uk/info-advice/home-families/family-relationships/domestic-abuse/>

## Beachdan eile

- Ma tha ùine agaibh/ma tha daoine' òga airson tuilleadh sgrùdadh a dhèanamh, gheibh iad tuilleadh fiosrachaidh air droch-dhìol san dachaigh bho Women's Aid Scotland aig <http://womensaid.scot/information-support/what-is-domestic-abuse/> agus Citizens Advice Scotland an seo: <https://www.citizensadvice.org.uk/scotland/family/relationship-problems-s/domestic-abuse-s/>
- 'S dòcha gum bi thu airson fiosrachadh a sgaoileadh mu reachdas ùr na h-Alba ran raon seo. No stiùir daoine' òga chun an fhiosrachaidh seo. Chaidh **6 things you need to know about Scotland's new Domestic Abuse Law** a sgrìobhadh leis an Scottish Women's Rights Centre, chithear e an seo: <https://www.scottishwomensrightscentre.org.uk/news/news/7-things-to-know-about-scotland-s-new-domestic-abuse-law/>

## Ceangal ris an dachaigh

Tha teacsa an cois an leasain *An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn* a ghabhas cleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun bhloc ionnsachaidh seo.

## Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo

- An dàimh a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn
- Ciamar a bhios fios agad gu bheil thu deiseil airson feise?
- An dàimh fheiseil a tha mi ag iarraidh dhomh fhìn

## Nòtaichean Tidseir

